

GUR H-E MO GHILLE DÙBH-DHONN

[trad.arr. Dàimh]

Sèist

Gur h-e mo ghille dùbh-dhonn

Gur tu mo chuilean rùnach

Gur h-e mo ghille dùbh dhonn

'S ann an raoir nach d'fhuair mi 'n cadal bha mi fad' nam dhùsgadh

Smaointinn air an fhear a thrèig mi nach d'rinn feum dha chùmhntan

A Dhòmhnail Dhuinn ma rinn thu m'fhàgail fios mo chràidh gad ionnsaigh

Fhir a dh'fhalbh air bàt an t-sil a tha mi fhìn ag ionndrainn

Chuala mi gun d'rinn thu Dhòmhnail pòsadh ann an Niùbhraidh

B'fheàrr leam fhìn a bhith riut pòsda na cuid-òir a' phrionnsa

B'fheàrr leam eireachdas do phearsa na Sasainn le ionntas

Dol seachad Rubha na Lic' Uaine Dòmhnall Ruadh 'ga stiùireadh

Och nan Och mar tha mi nochd trom osnaich 's mi 'gad ionndrainn